

## GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 29mh dhen t-SAMHAIN 2020

Às dèidh mìosan fada doirbh, tha sinn air Àm na h-Aidbheinne a ruigsinn. 'S e àm dòchasach a th' ann, agus ged a tha e a' toiseachadh leis an tuigse gu bheil sinn fhathast air ar cuirteachadh le dorchadas, tha e a' toirt dhuinn gealladh gun tig solas. Ann am bliadhnaichean eile, bhiodh an laoidh seo air a sheinn anns na h-eaglaisean air Latha na Sàbaid seo, aig tòiseach Àm na h-Aidbheinne:

*O thig, o thig Imanuel,  
's saoraich sluagh Israeil,  
a tha fo bhruid is tha fo bhròn,  
gus an nochd Mac Dhè nan còir.*

Chualas anns na faclan sin miann sluagh Dhè airson teachd Dhè nam measg. Agus a' coimhead air adhart ri coileanadh a' gheallaidh sin, bidh iad a' seinn:

*Bi aoibh! Bi aoibh! Oir thig Imanuel  
a shaoradh sluagh Israeil.*

Tha gealladh teachd Dhè fhathast a' fantainn nar cridheachan. Gu dearbh, faodaidh a ràdh gur e àm feitheamh a th' ann an Àm na h-Aidbheinne, àm anns a bheil sinn a' coimhead air adhart ri coileanadh gealladh Dhè: "Oir riamh cha chuala daoine, cha d' fhairich iad len cluais, cha mhò a chunnaic sùil, dia eile ach thusa, a nì a leithid airson an tì a dh'fheitheas air." (Isaiah 64: 4). Feithimid, agus deànamaid ùrnaigh:

A Dhè a thug dhuinn gealladh do Theachd,  
tha sinn air àite a ruigsinn air an t-slighe  
far am faigh sinn do ghealladh as ùr.  
Fiù 's anns an dorchadas,  
siridh sinn solas do làthaireachd.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a thug dhuinn gealladh do Theachd,  
tha sinn air àite a ruigsinn air an t-slighe  
far am faigh sinn dòchas as ùr. |  
Fiù 's a-measg gach teanntachd agus càs a bha nar n-aghaidh,

tha earbsa againn ann an dòchas a tha uile gu lèir seasmhach.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a thug dhuinn gealladh do Theachd,  
tha sinn air àite a ruigsinn air an t-slighe  
far a bheil againn ri feitheamh fad grèis.  
Bha againn ri feitheamh ann an làithean a dh'fhalbh, agus nì sinn a-rithist e, làn  
dòchas Teachd Dhè.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a thug dhuinn gealladh do Theachd,  
tha sinn air àite a ruigsinn ar an t-slighe  
far a bheil sinn gad fheitheamh le dòchas.  
Ged nach eil sinn gad fhaicinn,  
tha sinn a' feitheamh air do thìodhlac.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè a thug dhuinn gealladh do Theachd,  
tha sinn air àite a ruigsinn air an t-slighe  
far a rùnaicheas sinn gun tèid sinn air adhart  
Ged is rathad doirbh e,  
tha sinn a' dol air adhart, le earbsa nad ghealladh:  
gun tig Imanuel dhuinn.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte
- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)